

## Lèirmheas Bhliadhnail 2022

### FÀILTE GU AR LÈIRMHEAS BHLIADHNAIL

Fàilte gu Lèirmheas Bhliadhnail Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba 2022. Airson na dàrna bliadhna, tha sinn a' taisbeanadh ar lèirmheis ann an cruth didseatach a-mhàin. Chan e a-mhàin gun cuidich seo sinn a' lùghdachadh ar lorg carboin ach bheir e cothrom dhuibh sùil nas mionaidiche a thoirt air na rinn sinn thar nan 12 mìosan a dh'fhalbh.

Tha lèirmheas na bliadhna seo stèidhichte air luachan na buidhne againn. Chuidich an luchd-obrach againn agus luchd-ùidh bhon taobh a-muigh gus am mìneachadh agus tha iad a' cur an cèill mar a tha sinn airson ar miannan a choileanadh, agus a' stiùireadh mar a bhios sinn mar bhuidheann ag eadar-obrachadh agus gar giùlan fhèin. Tha sinn:

- Cruthachail: Tha innleachdas agus deagh bheachdan luachmhor dhuinn
- In-ghabhalach: Tha sinn fosgailte, càirdeil agus taiceil
- Co-obrachail: Tha sinn ceasnachail, deònach gabhail ri beachdan ùra agus tha deagh eadar-cheangalan againn
- Adhartach nar feallsanachd: Bidh sinn a' coimhead air an t-suidheachadh san fharsaingeachd cho math ris a' mhion-fhiosrachadh

Às dèidh dhuinn fàilte a chur air luchd-tadhail air ais do na taighean-tasgaidh againn às dèidh dà bhliadhna de bhuaireadh, agus ann an saoghal atharraichte, bha na luachan sin a' faireachdainn gu sònraichte iomchaidh. Tha iad aig cridhe gach rud a nì sinn, agus anns an Lèirmheas Bhliadhnail seo chì sibh mar a tha ar n-obair air a stiùireadh leotha.

Thar na bliadhna a dh'fhalbh, tha sinn air a bhith cho trang 's a bha sinn a-riamh, a' glèidheadh, a' rannsachadh agus a' cur ris a' Chruinneachadh Nàiseanta, agus aig an aon àm ga dhèanamh ruigsinneach do luchd-amais cho farsaing 's a ghabhas sna taighean-tasgaidh againn agus tro iasadan, tursan, ionnsachadh, prògraman, ùr-ghnàthachadh didseatach agus com-pàirteachasan.

Anns an lèirmheas seo gheibh sibh barrachd a-mach mu dìreach cuid den obair againn. Am measg na thruis sinn thairis air an 12 mìosan a dh'fhalbh tha ciste-tasgaidh airgid àlainn thathas a' creidsinn a bhuineadh ri Màiri, Banrigh na h-Alba, agus fosail snàgaire sgèith anabarrach mòr, Dearc sgiathanach, a chaidh a lorg san Eilean Sgitheanach.

Rinn taisbeanaidhean cliùiteach aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sgrùdadh air cuspairean eadar-mheasgte agus beairteach. Thug Anatomy: A Matter of Death and Life sùil air eachdraidh corp-eòlais, bho rannsachadh ealain le Leonardo da Vinci gu na murtan a rinn Burke is Hare. Rinn Audubon's Birds of America sgrùdadh air ealain agus dìleab aon de na leabhraichean as teirce, as cliùitiche agus as motha san t-saoghal.

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta a' Chogaidh, tha an taisbeanadh leantainneach Legacies of Empire a' sgrùdadh na h-eachdraidh co-cheangailte ri nithean a thugadh air ais bho chòmhstri coloinidheachd le feachdan airm Ìmpireachd Bhreatainn.

Mar thoradh air iasadan agus taisbeanaidhean gluasadach thàinig an Cruinneachadh Nàiseanta gu luchd-amais nas fharsainge, gu nàiseanta agus gu h-eadar-nàiseanta fhad 's a

nochd rannsachadh ùr-ghnàthach, mòran dheth a chaidh a dhèanamh aig Ionad-cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta, sgeulachdan ùra air cùl nithean iongantach. Am measg na bha seo, lorgadh craobh-teaghlaich na tè a tha air a riochdachadh ann an seann ìomhaigh Èiphiteach agus chaidh barrachd fhaighinn a-mach mu Chinnean Ghall-Ghàidhealaibh agus e a' siubhal air feadh na h-Alba.

Rannsaich sinn dòighean ùra gus an cruinneachadh a dhèanamh ruigsinneach do raon nas fharsainghe de dhaoine, le iomairtean a' gabhail a-steach seiseanan Madainn Shàmhaich aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Chaidh na seiseanan tràtha seo a dhealbhadh airson luchd-tadhail a tha a' faireachdainn nas comhfhurtail ann an àrainneachd nas socraiche. Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail, rinneadh pròiseactan com-pàirteachail do chlànn le feumalachdan taic a bharrachd, agus rinn na Museum Socials againn a bha taiceil do dhaoine le crìonadh-inntinn an cruinneachadh ruigsinneach do chuid den luchd-amais as so-leònte againn.

Ann am prògram brosnachail de thachartasan thar ar làraich uile bha seòmar-teichidh (escaper room) air cuspair an Dàrna Cogaidh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich, a chaidh a leasachadh mar phàirt de Scotland 365, pròiseact a bha ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh 's a bheil sinn a' dol an sàs le daoine òga aois 16-25 anns na cruinneachaidhean againn.

Bidh taighean-tasgaidh agus na cruinneachaidhean aca a' toirt cothrom dhuinn uile ceistean a rannsachadh mu àite, dearbh-aithne agus an àrainneachd, agus tro ar n-obair tha sinn a' nochdadh atharrachaidhean sa chomann-shòisealta agus san t-saoghal mun cuairt oirnn. Anns a' bhliadhna a dh'fhalbh, tha na ceistean mòra mu atharrachadh gnàth-thìde agus call bith-iomadachd, agus dìleaban coloinidheachd air leantainn air adhart a' fiosrachadh mòran de na bhios sinn a' dèanamh.

Mar a thionndaidh sùilean an t-saoghail gu Alba airson Co-labhairt Gnàth-thìde COP26 nan Dùthchannan Aonaichte san t-Samhain 2021, thog ar taisbeanaidhean, prògraman, rannsachadh, trusadh agus tachartasan mothachadh poblach air call bith-iomadachd, agus dh'fheuch sinn ri ar luchd-amais a bhrosnachadh gu bhith ag obair còmhla a dh'ionnsaigh saoghal nas fheàrr.

Tha sinn a' leantainn oirnn a' meòrachadh air eachdraidh ìmpireil agus coloinidheachd agus ag atharrachadh mar a bhios sinn gan riochdachadh don luchd-amais againn. Tha sinn air atharrachaidhean a dhèanamh air taisbeanaidhean agus leubailean gus dèiligeadh ri claonadh eachdraidheil, a' gabhail a-steach ar gailearaidh ùr Collecting Stories aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a tha a' sgrùdadh leasachadh a' Chruinneachaidh Nàiseanta agus a' toirt a-steach mìneachadh ùr a' tarraing air caochladh nas fharsainghe de ghuthan. Ann a bhith a' leasachadh susbaint airson a' ghailearaidh seo, rinn sinn co-chomhairle le panail de luchd-foghlaim, luchd-glèidhidh agus caraidean breithneachail, agus cho-obraich sinn le buidhnean coimhearsnachd gus am beachdan a thoirt a-steach don àite.

Tha an Lèirmheas Bhliadhnail againn na chothrom coimhead air ais air bliadhna de choileanadh iongantach. Le bhith a' dèanamh seo cuideachd gabhaidh sinn an cothrom coimhead air adhart ri mar a dh'ionnsaicheas sinn bho na rinn sinn agus mar a thogas sinn air.

Anns an luchar 2022 chuir sinn air bhog ar Plana Ro-innleachdail ùr, a stiùireas ar n-obair thar nan còig bliadhna a tha romhainn, a' mìneachadh ar n-amasan agus ar prìomhachasan

agus a' cur an cèill dè nì sinn gus ar lèirsinn, Brosnachadh Dhaoine: A' cur Aghaidh ri Dùbhlain ar Linne, a choileanadh. Mar a bhios sinn a' cur a' phlana sin an gnìomh, chì sibh mòran de na cuspairean bho lèirmheas na bliadhna sa air an toirt air adhart agus air an leasachadh anns na bliadhnaichean ri teachd agus sinn ag obair gus ar n-amasan ro-innleachdail a choileanadh.

Tha sinn taingeil airson na taice a tha sinn a' faighinn bho Riaghaltas na h-Alba agus luchd-maoineachaidh eile, luchd-tabhartais, pàtrain, buill agus saor-thoilich. Mòran taing don h-uile duine a tha air taic a thoirt do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba thar na bliadhna a dh'fhalbh a bharrachd air a h-uile duine a tha air a bhith an sàs anns na taighean-tasgaidh agus ar n-obair. Feumar taing shònraichte a thoirt cuideachd don luchd-obrach againn, aig a bheil an dìoghras agus an dìcheall a tha a' dèanamh na h-obrach seo uile comasach.

Thairis air duilleagan na Lèirmheis seo, gheibh sibh a-mach barrachd mu na gnìomhan againn thairis air na 12 mìosan a dh'fhalbh. Tha sinn moiteil às na choilean sinn agus tha sinn an dòchas gun còrd e ribh barrachd fhaighinn a-mach mu dheidhinn.

Iain Ruiseal CBE

Cathraiche

An t-Oll Chris Breward

Stiùiriche

## **A' BHLIADHNA ANN AN ÀIREAMHAN**

1,475,093  
tadhal air ar taighean-tasgaidh

2,908  
nithean air an deach dealbh a thogail  
leis an sgioba againn san stiùidio

140,364  
conaltradh ionnsachaidh iomlan

14,102  
Buill

2.7 millean  
tadhal air ar làraich-lìn

230,792  
luchd-leantainn nam meadhanan sòisealta

Còrr is 100,000  
luchd-tadhail don bhlog againn

Còrr is 400

uain air am breith am-bliadhna aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail – an àireamh as motha a rugadh air an tuathanas a-riamh

572

nithean air an glèidheadh, nam measg:

### **Carbad-smùide Ghranton**

Aig aon àm bha an carbad-smùide seo ag obair san sgìre a tha faisg air Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta ann an Granton, Dùn Èideann, agus rinneadh obair thoinnte air airson asbestos a thoirt às. Tha e a-nis air a chur ri chèile a-rithist agus faodaidh luchd-tadhail don Ionad-chruinneachaidh fhaicinn san àm ri teachd.

### **Acainn taigh-solais Tod Head**

Gus acainn taigh-solais Tod Head ath-thogail, chleachd an sgioba glèidhteachais againn làraidh ruigsinneachd frith-chothromachaidh gus na lionsan a thogail chun na h-àirde cheart agus an suidheachadh. Tha an taigh-solais ath-thogte a-nis mar aon de na rudan a tha rim faicinn air na cuairtean poblach aig an Ionad-chruinneachaidh.

### **Trusadh ùr**

Tha na nithean as ùire a tha sinn air trusadh air cuideachadh le bhith a' neartachadh ar cruinneachaidh agus a' leudachadh tuigse

### **Ciste-tasgaidh Mhàiri, Banrigh na h-Alba**

Chaidh ciste-tasgaidh airgid eireachdail a thathas a' creidsinn a bhuineadh do Mhàiri, Banrigh na h-Alba, a shàbhaladh don dùthaich agus a thaisbeanadh gu maireannach aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

Is e pìos suaicheanta de dhualchas nàiseanta na h-Alba a th' ann agus chaidh a dhèanamh ann am Paris, is dòcha eadar 1493 agus 1510. Is e sàr-obair a th' ann de dh'airgead Frangach bho thràth ann an Linn an Ath-Bheothachaidh.

Thathas a' creidsinn gun d' fhuair Màiri e bhon chiad duine aice, François II na Frainge, agus saoirear gun robh pàirt mhòr aig a' chiste ann an dìteadh Mhàiri nuair, san Dùbhlachd 1568, a chaidh ciste coltach ris a thoirt a-mach aig èisteachd a dh'òrdaich Ealasaid I an aghaidh Màiri aig Westminster. Bha na 'Litrichean Ciste' na bhoinn a bha a' ceangal Màiri agus an treas duine aice, Iarla Bothwell, ri murt an dàrna duine aice, am Morair Darnley.

Tha òirdheirceas na ciste a' toirt beachd dhuinn de bhanrigh aig àirde a cumhachdan, a beairteis agus a h-inbhe. Tha e dha-rìribh mar aon de dh'ulaidhean nàiseanta na h-Alba, a bhios na thlachd do iomadh ginealach ri teachd.

Chaidh a' chiste a thrusadh le taic bho Mhàoin Cuimhneachaidh an Dualchais Nàiseanta, Maoin nan Ealain, Riaghaltas na h-Alba agus grunn urrasan, fondasan agus luchd-tabhartais fa-leth.

## **Obair-chrèadha Joan Faithfull**

Chaidh cruinneachadh tarraingeach de dh'obair leis an neach-ealain chearamaigeach, Joan Faithfull, a thoirt dhuinn le a mic. Rinneadh na 24 poitean thar sia deicheadan de bheatha an neach-ealain, bho na 1940an gu 1990an. Stèidhich Joan an stiùidio aice ann an Tor Mòr ann an Eilean Mhuile ann an 1950 agus bha a cuid obrach gu tric air a bhrosnachadh le cruth-tìre agus fiadh-bheatha an eilein.

## **Usgar-bràghad inneal-cofaidh**

Chaidh obair-ealain a rinneadh bho inneal-cofaidh a thrusadh mar phàirt den oidhirp againn gus nithean a latha seo fhèin a chruinneachadh. Thionndaidh an neach-ealain seudraidh Veronika Fabian pàirtean den inneal-cofaidh aice fhèin gu usgar-bràghad. Tha an obair-ealain, air a bheil Love Machine, a' sgrùdadh chuspairean a' toirt a-steach call conaltradh sòisealta aig àm a' ghlasaigh agus a' chofhurtachd a gheibhear bho chleachdaidhean eòlach nuair a thèid beatha àbhaisteach a thionndadh bun os cionn. Tha e mar aon de raon de nithean a chruinnich sinn a chuidicheas le bhith ag innse sgeulachd a' ghalair lèir-sgaoilte, an-diugh agus do dhaoine san àm ri teachd.

## **Fosailean eun an Eocene**

Dh'fhaodadh tabhartas dìleib de chruinneachadh a tha cudromach gu h-eadar-nàiseanta de chòrr is 700 fosailean eòin fiosrachadh feumail a thoirt do luchd-saidheans mu atharrachadh gnàth-thìde an-diugh. Chaidh an cruinneachadh cudromach seo fhàgail againn leis a' phailleon-eòlaiche amaitearach Michael Daniels, a bhàsaich ann an 2021, agus chaidh pàipearan saidheansail fhoillseachadh mu thràth a' toirt cunntas air grunn ghnèithean ùra am measg nam fosailean. Bha teas na cruinne grunn phuingeann nas blàithe na tha e a-nis aig an àm anns an robh na h-eòin seo beò, a' ciallachadh gum faodadh na sampallan sealladh a thoirt dhaibhsan a tha a' sgrùdadh buaidh atharrachadh gnàth-thìde.

## **Breacan Sardar Iqbal Singh**

'S e breacan clàraichte oifigeil a th' ann am breacan Singh a chaidh a dhealbhadh le Sardar Iqbal Singh, prìomh neach ann an coimhearsnachd Sikh na h-Alba, "gus dearbh-aithne cinnidh a thoirt do dhaoine Sikh mar a th' aig na Dòmhnallaich no Clann MhicDhonnchaidh". Às dèidh a bhàis ann an 2021, thug a bhràthair, Inder Singh Uppal MBE, a sheacaid agus fhèileadh breacan Singh don chruinneachadh.

## **A' gabhail ceum a-steach do ar sgeulachdan**

Bha an luchd-amais again air am beò-ghlacadh le taisbeanaidhean de dh'ìomhaighean fiadh-bheatha, dealbhadh drùidhteach agus sealladh air taobh dorcha de Shoillseachadh na h-Alba

Bho dhealbhan a tharraing Leonardo da Vinci gu duilleagan Sir Walter Scott, chuir na taisbeanaidhean againn fàilte air luchd-tadhail air ais gu na taighean-tasgaidh againn le susbaint ùr is inntinneach.

Chaidh aon de na leabhraichean as teirce, as cliùitiche agus as motha san t-saoghal a thaisbeanadh gu beothail ann an Audubon's Birds of America aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba bho Ghearran gu Cèitein 2022.

Bha an taisbeanadh, a fhuair taic bho chluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh, a' coimhead air Birds of America le John James Audubon (1785-1851), a chaidh fhoillseachadh mar shreath eadar 1827 agus 1838. B' e obair chudromach a bh' ann a choisinn cliù eadar-nàiseanta mar thoradh air meud mòr a' phròiseict agus na dealbhan iongantach, meud-beatha de dh'èoin anns an leabhar.

Sheall an taisbeanadh 46 priontaichean gun nasgadh bho chruinneachadh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a' mhòr-chuid aca nach fhacas ann an taisbeanadh a-riamh roimhe, a bharrachd air eagraan nasgaichte tearc den leabhar, air iasad bho Leabharlann Mhitchell.

Tha Japanese Contemporary Design, a dh'fhosgail sa Chèitean aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, a' taisbeanadh leasachaidhean ann an ealain, obair-làimhe agus dealbhadh ann an Iapan thar nan 50 bliadhna a dh'fhalbh. Thug tachartasan cultarail co-cheangailte ri Oilimpais Tokyo ann an 1964 air luchd-dèanaimh Iapanach aire a thoirt do dhealbhadh eadar-nàiseanta. Tha an luchd-ealain san taisbeanadh a' nochdadh leasachaidhean anns na 50 bliadhna a lean.

Chaidh eachdraidh corp-eòlais, bho rannsachadh ealain gu na murtan a rinn Burke is Hare, a sgrùdadh ann an Anatomy: A Matter of Death and Life. A' ruith eadar luchar agus Dàmhair 2022, rinn an taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sgrùdadh air an eachdraidh shòisealta agus mheidigeach co-cheangailte ri corp-sgianadaireachd bhodhaigean daonna.

Dh'fhosgail an taisbeanadh, a fhuair taic bho Mhanaidsearan Tasgaidh Baillie Gifford, le eisimpleirean tràtha de dh'ealain corp-eòlais, a' toirt a-steach sgeidseachan le Leonardo da Vinci, a thug A Mòrachd A' Bhanrigh air iasad bhon Chruinneachadh Rìoghail. Rannsaich an taisbeanadh àite corp-eòlais anns an t-Soillseachadh nuair, san 18mh linn, a thàinig Dùn Èideann gu bhith na phrìomh ionad airson teagasg meidigeach san RA, agus a chaidh an t-iarrrtas air bodhaigean airson corp-sgianadaireachd agus sgrùdadh fada thairis air na gheibheadh gu dligheach.

### **A' tarraing luchd-amais**

Chuidich ar prògram spreigeil de thachartasan gus an Cruinneachadh a thoirt beò do luchd-amais eadar-dhealaichte thar ar taighean-tasgaidh uile.

Bidh na tachartasan againn a' toirt cothrom do luchd-amais barrachd fhaighinn a-mach mun obair againn agus cothrom na taighean-tasgaidh againn fhaicinn ann an solas ùr tro eòlasan air-loidhne agus aghaidh-ri-aghaidh.

Chùm Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich an taisbeanadh Dig for Victory, sgrùdadh air mar a bha daoine a' fàs agus a' còcaireachd am bìdh aig àm an Dàrna Cogaidh. Bha an tachartas sa Chèitean 2022, a fhuair taic bho chluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh, a' toirt a-steach òraidean, cuairtean agus gnìomhan làimhseachail aig an raon-adhair eachdraidheil.

Chaidh an aon sheòmar-teichidh ann an Alba air raon-adhair eachdraidheil fhosgladh cuideachd aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich. Chaidh Operation Sabotage a leasachadh mar phàirt de phròiseact Scotland 365, a bha ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh sa bheil sinn a' dol an sàs le daoine òga aois 16-25 anns na cruinneachaidhean againn.

Aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail, chlàraich Woolly Weekend sa Chèitean 2022 an àireamh as àirde de luchd-tadhail a-riamh. Sheall an tachartas dà-latha cho cudromach 's a tha clòimh agus a dualchas le gnìomhan ciùird agus an cothrom ionnsachadh mu sgilean traidiseanta.

Bha am prògram trang de thachartasan air-loidhne a' gabhail a-steach òraidean agus còmhraidhean leis an luchd-obrach againn fhìn a bharrachd air co-obrachadh le com-pàirtichean.

Chaidh CryoArks: Animal Biobanking for Research and Conservation a chumail air-loidhne san luchar ann an com-pàirteachas le Comann Rìoghail Ainmh-eòlais na h-Alba. Rinn an tachartas sgrùdadh air dreuchdan an dà bhuidhne ann an co-obrachadh nàiseanta gus a' chiad Bhith-bhanca ainmh-eòlais coileanta san RA a chruthachadh.

Ann an co-bhann ri prògram Scott 250, a chomharraich 250 bliadhna bho rugadh Walter Scott, thachair In Conversation: Inspiring Walter Scott air-loidhne san Lùnastal 2022.

B' e Crucible of Nations: Scotland from Viking Age to Medieval Kingdom, leabhar a chaidh fhoillseachadh le National Museums Scotland Enterprises, cuspair Òraid Bhliadhnail Glenmorangie, a chaidh a chumail air-loidhne san Dàmhair. Tha an leabhar a' nochdadh tuigse ùr air arc-eòlas na h-Alba bhon 9mh chun an 12mh linn AD.

Nuair a thill luchd-tadhail do na taighean-tasgaidh againn, chaidh slighean ùra a chruthachadh gus barrachd de na sgeulachdan agus na ceanglaichean nar cruinneachaidhean a chomharrachadh. Bidh an t-slighe claisneachd, an Wellbeing Trail, a' cuideachadh luchd-tadhail gus amannan fhaighinn airson meòrachadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.

45,478

daoine an sàs ann an seiseanan sgoiltean air-loidhne thar nan 32 sgìrean ùghdarras ionadail gu lèir

1,759

daoine a' gabhail pàirt anns na tachartasan air-loidhne againn

4,696

tursan sgoile gu na làraich againn

## **Fèisean**

Chùm Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba Festival Family Encounters sa Chèitean 2022, toiseach dathach Fèis Eadar-nàiseanta Cloinne Dhùn Èideann. Ghabh seo a-steach taisbeanadh mothachaidh How do you take a photo of a dinosaur? a chaidh a leasachadh airson, agus le taic bho, clann le duilgheadasan fradhairc agus an teaghlachan.

Mar as àbhaist, bha fèill mhòr air Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar an t-ionad as motha airson Fèis Saidheans Dhùn Èideann, sa Ghiblean 2022. Chùm sinn an taisbeanadh

eadar-ghnìomhach DataSphere, a' sgrùdadh mar a tha ar saoghal air a stiùireadh le fiosrachadh agus a' bhuidhe a tha aig dàta air ar beatha.

Chaidh a' chiad Fhèis Film Glèidhteachais Dhùn Èideann a chumail sa Chèitean 2022 ann an talla-èisteachd Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Chaidh 77 film a chur a-steach agus bha am prìomh bhuannaiche, Rush, a' coimhead air glanadh nan cladaichean.

Ann an Lùnastal 2022, chaidh ìomhaigh sèididh 90-troigh de bhacterium E.coli a chrochadh bho mhullach Gailearaidh Mòr Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba mar phàirt de dh'Fhèis Ealain Dhùn Èideann. Tha an obair, leis an neach-ealain Luke Jerram, a' meòrachadh air cho cudromach 's a tha bacteria nar beatha.

### **Seachdain Matamataig na h-Alba**

Air a libhrigeadh le Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus air a mhaoineachadh le Riaghaltas na h-Alba, tha Seachdain Matamataig na h-Alba a' comharrachadh agus a' brosnachadh com-pàirteachadh le matamataig. Ruith an tachartas am-bliadhna eadar 27 Sultain agus 3 Dàmhair agus chomharraich an cuspair 'Ar Saoghal' mar a chuidicheas matamataig sinn gus èiginn na gnàth-thìde a thuigsinn. Ghabh còrr is 75,000 sgoilear bho 289 sgoil pàirt ann an gnìomhan aghaidh-ri-aghaidh agus bhirtual. Thug maoin ùr Maths in Museums taic do shia taighean-tasgaidh gus matamataig a chomharrachadh anns na cruinneachaidhean aca agus goireasan ùra a chruthachadh do sgoiltean agus teaghlaichean.

75,448

sgoilearan bho 289 sgoiltean an sàs ann an Seachdain Matamataig na h-Alba agus fhuair 88 buidhnean agus daoine fa leth taic bho thabhartasan

### **A' dol an sàs leis an ath ghinealach**

Bha raon nas fharsainghe de dhaoine òga an sàs ann an dualchas tro Scotland 365

Am-bliadhna thàinig Scotland 365 gu crìch, pròiseact air a mhaoineachadh le Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta a bha ag amas air cruth-atharrachadh a thoirt air an dòigh 's a bheil sinn a' dol an sàs le daoine òga anns na cruinneachaidhean. Tro thachartasan, gnìomhan, cothroman trèanaidh, rannsachadh agus obraichean saor-thoileach, chuidich e le bhith a' cruthachadh dhòighean ùra is innleachdach do dhaoine òga gus dualchas a rannsachadh.

Mar thoradh air seo chaidh a' chiad ìomairt margaidheachd co-dhealbhichte againn a chruthachadh le daoine òga, airson daoine òga, Find Your Thing, a bha a' toirt a-steach stèidheachadh ar ciad Sgioba Ceangail Òigridh, air a dhèanamh suas de 31 saor-thoileach òg. Dh'obraich iad le luchd-obrach an taigh-tasgaidh agus proifeiseantaich bhon taobh a-muigh gus dòighean conaltraidh a dhearbhadh le agus airson daoine òga, gus beachdan a leasachadh airson prògram com-pàirteachadh òigridh leantainneach agus molaidhean a libhrigeadh airson com-pàirteachaidh òigridh.

1,185

daoine òga an sàs ann an Scotland 365

31

buill den Sgioba Ceangail Òigridh, a' libhrigeadh 890 uairean-obrach saor-thoileach

## Rannsachadh Ghranton

Mar phàirt de Scotland 365, chleachd luchd-togail-deilbh òga camarathan eachdraidheil gus sealladh ùr fhaighinn air cuid de na stuthan anns na cruinneachaidhean againn aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta. Chaidh iarraidh air buill Buidheann Òigridh Ghranton dealbhan a thogail de rudan a chaidh a thaisbeanadh airson luchd-tadhail don Ionad-chruinneachaidh.

## Fàilte do na h-uile

Chuidich dòighean ùra air a' Chruinneachadh Nàiseanta fhosgladh barrachd dhaoine gus na sgeulachdan aige a sgrùdadh aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne

Tha sinn airson gum bi a h-uile duine a' faireachdainn gu bheil fàilte orra anns na h-àiteachan againn agus gum bi an taic aca a dh'fheumas iad gus na taighean-tasgaidh againn a mhealtainn agus na cruinneachaidhean a rannsachadh. Chruthaich an sgioba Ionnsachaidh is Com-pàirteachaidh againn cothroman beairteach gus am biodh feumalachdan raon farsaing de dhaoine air an coileanadh nuair a bha iad a' tadhal air taighean-tasgaidh, a' faighinn eòlasan air-loidhne agus a' dol an sàs anns na cruinneachaidhean.

Seiseanan Madainn Shàmhaich mìosail a' tòiseachadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba. Saor bho ghnìomhachd no bhidio fuaimneach, tha na seiseanan sònraichte seo a' toirt taic do luchd-tadhail autistic agus an teaghlaichean, inbhich a' fulang crìonadh-inntinn, inbhich agus clann le duilgheadasan slàinte-inntinn agus luchd-tadhail sam bith eile le feumalachdan chiad-fàthan no a tha ag iarraidh àrainneachd nas ciùine.

Bha sàr sheanchas na chuspair nar n-obair, nar taighean-tasgaidh agus nas fhaide a-muigh. Ghabh clann bho Lionra Cloinne is Teaghlaichean Taigh-cluiche Licketyspit, mòran dhiubh aig a bheil Beurla mar dhàrna cànan agus feumalachdan taic a bharrachd, pàirt ann an seisean tèatar air-loidhne le taisbeanadh beò. Chruthaich iad film gus fàilte a chur air teaghlaichean eile bho dhiofar chùl-raointean gu na taighean-tasgaidh againn agus sealltainn mar a ghabhas an cleachdadh airson mac-meanmna agus cluich.

Anns an Dàmhair 2021 rinn sinn com-pàirt le Pròiseact Òigridh is Cloinne Philton ann an ceann a-tuath Dhùn Èideann gus seiseanan spòrsail foghlaim a libhrigeadh a chuidich daoine òga a dhol an sàs san obair againn agus an sunnd a thogail tro ionnsachadh a-muigh. Dh'ionnsaich an fheadhainn a ghabh pàirt ciamar a dhèanadh iad aran air teine fosgailte air an tràigh, fhuair iad a-mach mu bhith-eòlas mara agus bailteil ionadail agus thadhail iad air Ionad-cruinneachadh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta gus coinneachadh ri luchd-glèidhidh agus eòlas a chur air oibseactan.

Chaidh goireasan chiad-fàthan a chruthachadh gus turas gu Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a neartachadh airson luchd-amais le feumalachdan taice a bharrachd. Bha seo a' gabhail a-steach pocannan-droma speisealta, sgeulachdan lèirsinneach, mapa chiad-fàthan agus bhidio ruigsinneachd le eadar-theangachadh Cànan Soidhnidh Bhreatainn, agus bha seiseanan airson clann B/bodhar agus le trioblaidean fradhairc, le taic bho Drake Music Scotland agus The Yard, gar cumail ceangailte ri luchd-amais ionadail le feuman taic a bharrachd.

Tha sinn airson gum bi a' bhuidh againn air a faireachdainn taobh a-muigh ar taighean-tasgaidh, agus eadar Faoilleach agus Màrt 2022, chuidich sinn euslaintich aig Ospadal Rìoghail Dhùn Èideann aig a bheil cùisean slàinte-inntinn iom-fhillte a bhith a' ceangal ris na cruinneachaidhean againn tro sheiseanan làimhseachadh stuthan. Dh'obraich sinn cuideachd leis an Thistle Foundation gus seiseanan ealain inntinneach a libhrigeadh do inbhich sho-leònte, a' soilleireachadh mar a chuidicheas ar taighean-tasgaidh gus dèiligeadh ri iomallachd agus aonaranachd.

1,050

neach a' dol an sàs tron phrògram com-pàirteachadh coimhearsnachd againn

23,675

sgoilearan bho

727 sgoiltean a' gabhail pàirt anns na Seiseanan Sgoiltean Didseatach againn

4,743

sgoilearan air an ruigsinn leis a' cho-chruinneachadh àrsaidh Èipheiteach air-loidhne againn

### **Com-pàirteachadh didseatach**

Dhearbh cuingeadan Covid-19 an luach a th' ann an libhrigeadh didseatach nuair nach robh e comasach tadhal air taighean-tasgaidh. Nuair a chaidh cuingeadan a lasachadh, lean sinn oirnn a' tasgadh agus a' leasachadh ar prògraman didseatach gus ar cuideachadh a' dol an sàs gu dìreach le luchd-amais air feadh na h-Alba.

Bha na Seiseanan Didseatach againn do sgoiltean a' tabhann chothroman eadar-obrachadh leis a' Chruinneachadh Nàiseanta ann an dòighean nach robh comasach roimhe air sgàth cuingeadan cruinn-eòlasach no ionmhais, a' leudachadh ar ruigsinneachd gu sgìrean iomallach agus sgìrean le iomadach easbhaidh.

Ghabh sinn pàirt cuideachd ann an Digital Footprints, pròiseact rannsachaidh 12-mìosan le Gailearaidhean Nàiseanta na h-Alba ann an co-obrachadh le Oilthigh Dhùn Èideann. Rinn an iomairt, air a mhaoineachadh le prògram Towards a National Collection aig Rannsachadh is Ùr-ghnàthachadh na RA (UKRI)/Comhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan (AHRC), anailis air slighean didseatach luchd-tadhail chun na làrach-lìn againn gus rannsachadh mar a bha daoine a' com-pàirteachadh le cruinneachaidhean nàiseanta air-loidhne aig àm a' ghlasaigh agus san ùine às a dhèidh.

### **A' sgaoileadh sgeulachdan**

Ràinig na nithean agus na taisbeanaidhean againn raon farsaing de dhaoine agus àiteachan am-bliadhna

Tha taisbeanaidhean gluasadach agus iasadan a' leigeil le barrachd dhaoine taobh a-muigh ar ballachan tighinn aghaidh-ri-aghaidh ris a' Chruinneachadh Nàiseanta.

Chaidh Body Beautiful: gu The Civic ann am Barnsley agus TheGallery aig Oilthigh Ealain Bournemouth, agus dh'fhosgail Monkeys! A Primate Story aig Taigh-tasgaidh agus Gàrraidhean Horniman ann an Lunnainn agus an uair sin Ionad Taigh-tasgaidh Vapriikki ann an Tampere, Fionnlann.

Fhad 's a bha The Galloway Hoard: Viking-age Treasure a' siubhal air feadh na dùthcha, chaidh barrachd dìomhaireachd mun chuinnean iongantach seo a thuigsinn.

Thadhail 40,523 neach, an àireamh as àirde ràimh, air an taisbeanadh aig Gailearaidhean Chille Chuithbeirt, far an deach taisbeanadh didseatach a chur ris a' nochdadh rannsachadh ùr air cnagan criostal-creige. Chaidh pìosan brisg de chlà a thoirt a-mach às a' phoit agus lorgadh sgrìobhadh den ainm 'Hyguald,' a thathas a' smaoinichadh a bha na easbaig ann an Northumbria. Anns an Iuchar 2022, dh'fhosgail an taisbeanadh ann an Gailearaidh Ealain Obar Dheathain le ìomhaighean de trì nithean filigree òir a bha air an ùr lorg, ceangailte ri chèile le figheachain shìoda.

Fhuair an neach-saidheans anailis Lore Troalen tabhartas de £853,796 bho mhaoin Capability for Collections an AHRC gus piseach a thoirt air goireasan ìomhaigheadh saidheansail aig Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Fhuair pròiseact gus còrr is 900 buill-airm na linne tràth-ùr-nodha a chur ann an cruth didseatach nar cruinneachadh air Eachdraidh is Arc-eòlas na h-Alba taic bho thabhartas bhon American Association of Arms Collectors Foundation.

152,160

neach a chunnaic ar taisbeanaidhean gluasadach ann an còig àiteachan

40,523

tadhail air Galloway Hoard: Viking-age Treasure aig Gaileiridhean Chille Chuithbeirt

36 tabhartasan luach £181,784

bhon National Fund for Acquisitions a' cuideachadh le bhith a' leasachadh agus a' toirt piseach air cruinneachaidhean 24 buidhnean air feadh na h-Alba

## **Iasadan**

### **Urras Whithorn**

Chaidh claigeann an Easbaig Bhàtair à Taigh Mhàrtainn, fàinne meòir òir agus truinnsear airgid-òrdha agus cailis à Manachainn Thaigh Mhàrtainn a thoirt air iasad do Urras Thaigh Mhàrtainn airson an taisbeanadh Face to Face with Whithorn's Bishops, a dh'fhosgail sa Ghiblean 2022. A' cleachdadh thomhaisean bhon chlaigeann, thug ath-thogail de cheann an Easbaig Bhàtair, a chaochail ann an 1235, cothrom do luchd-tadhail an taisbeanadh faicinn cò ris a bhiodh an duine coltach.

### **Leabharlann Bhreatainn**

Chaidh trì nithean cudromach a thoirt air iasad do thaisbeanadh Leabharlann Bhreatainn, Elizabeth and Mary: Royal Cousins, Rival Queens, mun dithis Bhanrigh aig an robh smachd air poilitigs Shasainn is na h-Alba san t-16mh linn. Fhuair Seudan Penicuik, seud-muineil filigree òir agus aigeallan òir is neamhnaid, còmhla ris an litir mu dheireadh aig Màiri, prìomh àite san taisbeanadh a dh'fhosgail san Dàmhair 2021.

### **Taigh-tasgaidh Bhreatainn**

Chaidh iasad susbainteach de 124 nithean arc-eòlasach a thoirt do thaisbeanadh The World of Stonehenge aig Taigh-tasgaidh Bhreatainn, a dh'fhosgail sa Ghearran 2022. Rinn an taisbeanadh seo sgrùdadh air Breatainn agus an Roinn Eòrpa bho 4000 -1000 RC, a' nochdadh sgeulachd nan daoine air cùl tursachan Stonehenge.

### **Fondazione Giancarlo Ligabue**

Chaidh raon nithean a thoirt air iasad gu Fondazione Giancarlo Ligabue, taisbeanadh ann am Venice, Power and Prestige: The Art of Clubs in Oceania, a dh'fhosgail san Dàmhair 2021. Thug an taisbeanadh seo dùbhlán do bharailean gnàthach mu 'chuaillean' bho sgìre a' Chuain Shèimh, a' nochdadh gu robh iomadh cleachdadh aca.

### **Maoin Nàiseanta airson Trusadh**

Tha Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a' rianachd na Maoin Nàiseanta airson Trusadh, tabhartas bliadhnail de £150,000 air a sholarachadh le Riaghaltas na h-Alba airson taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba a chuideachadh gus stuthan fhaighinn airson nan cruinneachaidhean aca. Am measg an trusaidh a fhuair taic am-bliadhna tha:

- £6,230 gu Taigh-tasgaidh nan Rèisimeidean Gàidhealach gus pàipearan a' Chogaidh Mhòir aig a' Chaipitean Donnchadh Warrand (1877-1946) a cheannach. Anns a' chruinneachadh tha litir, a chaidh a sgrìobhadh air Latha na Nollaige 1914, a' toirt cunntas pearsanta air fosadh-aimhreit ainmeil na Nollaige nuair a choinnich saighdearan Breatannach is Gearmailteach ann an no-mans-land a thoirt thiodhlacan dha chèile, a thogail dhealbhan agus a chluich ball-coise.

- Tabhartas de £1,120 bhon Sgeama Maoineachaidh Sònraichte a leig le Cruinneachaidhean Taigh-tasgaidh Oilthigh Dhùn Dè priont lambda didseatach fhaighinn, Mashavi àireamh 4, 2015, le Sekai Machache. Rugadh Machache ann an Zimbabwe ann an 1989 is thogadh e ann an Alba. Tha ùidh aige ann an 'aighe dhùbailte', a chaidh a chur an cèill ann an 1903 le W E B Du Bois, mun dùbhlán a thaobh dearbh-aithne dhaoine le dualchas Afraganach a tha a' fuireach san Iar.

### **A' co-roinn eòlas ùr**

Nearthaich ar n-obair le buidhnean eile roinn nan taighean-tasgaidh tro sgilean agus eòlas co-roinnte agus bhrosnaich e rannsachadh ùr a tha a' doimhneachadh ar tuigse air an àm a dh'fhalbh agus an latha an-diugh.

Tha rannsachadh co-obrachail air fiosrachadh ùr a thoirt am bàrr stèidhichte air na cruinneachaidhean againn fhìn a bharrachd air an fheadhainn a tha aig buidhnean eile ann an Alba.

Mar thoradh air sgrùdadh 2019 air seann chruinneachaidhean Èipheiteach ann an Alba chaidh ìomhaigh de bhoireannach a bha na neach-ciùil teampaill aithneachadh. Tha ìomhaigh Mheramuniotes, cluicheadair faraim a bha beò mu 300 RC, air a bhith aig Taigh-tasgaidh Mhontròis bho 1837. Anns an Dùbhlachd 2021, chaidh tuilleadh rannsachaidh leis an Oil. Daniel Potter, Leas-neach-ghlèidhidh, Revealing Cultures, fhoillseachadh anns an Journal of Egypt Archaeology, a' mapadh craobh-teaghlaich Meramuniotes; 20 neach thairis air seachd ginealaichean.

seiseanan trànaidh air-loidhne a' libhrigeadh 135 eòlas-ionnsachaidh do luchd-obrach agus saor-thoilich ann an 56 taighean-tasgaidh

9,772

luchd-cleachdaidh a ghabh cothrom air na goireasan trànaidh is treòrachaidh air-loidhne againn

Chaidh seann sgrìobhadh Grèigeach a chomharrachadh air carragh cloiche sa chruinneachadh. A' dol air ais gu timcheall air meadhan a' chiad linne AD, tha e a' toirt mion-fhiosrachadh air buidheann de charaidean ann an Athens a bha a' tòiseachadh san ephebate – bliadhna foghlaim a rinn balaich timcheall air 18 bliadhna a dh'aois. Chaidh cudromachd an sgrìobhadh aithneachadh tro cho-obrachadh leis a' phròiseact Attic Inscriptions in UK Collections le taic bho AHRC, air a stiùireadh le Oilthigh Cardiff, le Oilthigh Durham agus Oilthigh Manchester. Cruthaichidh e a' chiad fhoillseachadh coileanta de gach sgrìobhadh bho sheann Athens a tha air a chumail ann an cruinneachaidhean na RA.

Chaidh ceithir bùthan-obrach a chumail mu thaisbeanaidhean eachdraidheil mar thoradh air Tabhartas Lìonra AHRC air a stiùireadh leis a' Phrìomh Neach-glèidhidh Saidheans an t-Oll Rebekah Higgitt agus an t-Oll Louise Devoy bho Thaighean-tasgaidh Rìoghail Greenwich. Thug maoinachadh Observatory Sites and Networks Since 1780 còmhla luchd-foghlaim agus luchd-cleachdaidh còmhla gus sgrùdadh a dhèanamh air dualchas nan ionadan sin agus sgeulachdan nan daoine a bha a' fuireach agus ag obair annta.

Tha cinnean hacksilver a chaidh a lorg ann an Lodainn an Ear ann an 1919 fhathast a' brosnachadh bheachdan agus fiosrachadh, a chithear ann an leabhar ùr, *The Late Roman Silver Treasure from Traprain Law* le Prìomh Neach-glèidhidh Ròmanach, Ro-eachdraidh is Arc-eòlas Ròmanach, an t-Oll Friseal Mac an t-Sealgair.

Nochd leabhar ùr eile tuigse air èideadh nàiseanta na h-Alba agus thug e dùbhlann do bheachdan mòran mu ciomar a thàinig e gu bhith. Tha *Highland Style: Fashioning Highland Dress, c.1745-1845*, le Com-pàirtiche Rannsachaidh Stèidheachd Uilleim Ghrannnd, an t-Oll Rosie Waine, na thoradh air pròiseact rannsachaidh trì-bliadhna.

### **Prògram Trànaidh Nàiseanta**

Thadhail buill den sgioba Shaidheansan Nàdarra againn air Taigh-tasgaidh Inbhir Narann airson comhairle a thoirt seachad air na cruinneachaidhean fhosailean is geòlais aca. Tha comharrachadh a' chruinneachaidh de mu 150 fosailean neo-dhruim-altachain air ruigsinneachd a leasachadh airson prògraman com-pàirteachadh luchd-amais, agus chaidh sampallan mèinnearachd a chomharrachadh agus ainmeachadh cuideachd.

Chuidich sinn Urras Paxton a' measadh agus a' clàradh a' chruinneachadh aodaich aig Taigh Paxton, Siorrachd Bhearaig, le taic bho thabhartas trusaidh bho Mhaoin Ealain Jonathan Ruffer. Tharraing taisbeanadh ùr, *Parallel Lives, Worlds Apart*, air a' chruinneachadh aodaich gus sgrùdadh a dhèanamh air beatha luchd-seilbh Paxton agus beatha nan tràilleann Afraganach a bha ag obair air na h-oighreachdan siùcair aca sa Charibbean.

Anns an Dàmhair 2021, thòisich ar saor-thoilich a' tilleadh mean air mhean do na taighean-tasgaidh againn. Tha ar buidheann dhìcheallach de 146 saor-thoileach a' cur gu mòr ri ar n-

obair le bhith a' ruith chuirtean, a' cuideachadh cho-obraichean agus a' cuideachadh aig tachartasan fa leth. A dh'aindeoin gun deach am prògram a chur dheth aig àm Covid-19, tha àireamhan shaor-thoileach air a bhith seasmhach agus bha sinn air leth toilichte fàilte a chur orra air ais gu na làraich againn.

## **Seasmhachd san àm ri teachd**

Tro ar taighean-tasgaidh agus an Cruinneachadh Nàiseanta, chuidich sinn le bhith a' leudachadh ar tuigse air an t-saoghal nàdarra agus bhrosnaich sinn ginealaichean ri teachd gus ar planaid a dhìon.

Mar a thionndaidh sùilean an t-saoghail gu Alba airson Co-labhairt Gnàth-thìde COP26 na Dùthchannan Aonaichte san t-Samhain 2021, rinn Dùbhlann Gnàth-thìde na h-Alba sgrùdadh air cuid de na h-innleachdan a chaidh a chruthachadh gus dèiligeadh ris an èiginn a tha mu choinneamh ar planaid.

Rinn an taisbeanadh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba sgrùdadh air innleachdan Albannach a tha a' feuchainn ri buaidh gnìomhachas air ar gnàth-shìde a lasachadh tro bhith a' cleachdadh stòran lùtha eile. Thog e cuideachd aire mu chuid a tha ag obair ann an gnìomhachasan co-cheangailte, leithid an Oll Faisal Ghani, a tha air duaisean a chosnadh airson na h-innleachd ùire aige, an SolarisKit, airson na chuir e ri bhith a' lughdachadh sgaoilidhean carboin agus a' dèiligeadh ri bochdainn connaidh anns an t-saoghal fo leasachadh.

Rè COP26 chuir sinn air bhog cuideachd trì filmichean a chruthaich oileanaich bho Àrd-sgoil Coimhearsnachd Castlebrae a dh'innis sgeulachd dùbhlann na gnàth-thìde tro na cruinneachaidhean againn. Dh'innis sgoilearan am beachdan do ar n-àrd-luchd-stiùiridh air ar n-obair air seasmhachd, agus na dòchasan agus na beachdan aca airson an ama ri teachd.

Dh'fhosgail an gailearaidh Adventure Planet ath-leasaichte againn a dhorsan sa Ghiblean le taisbeanaidhean eadar-ghnìomhach ùra agus fòcas ùr air an àrainneachd agus bith-iomadachd. Tha an t-àite air a bheil meas mòr aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a-nis a' toirt a-steach gnìomhan airson daoine a chuideachadh gus cùram a ghabhail den fhiadh-bheatha mun cuairt orra agus tha e air a dhealbhadh gus luchd-amais a bhrosnachadh cumail orra a' toirt cùram do shaoghal nàdair nuair a bhios an turas seachad.

Tha cho cudromach 's a tha e iomadachd ghinteil a thuigsinn agus a chumail suas aig cridhe glèidhteachais bhith-eòlasaich. San Ògmhios 2022 chaidh Ashleigh Whiffin ainmeachadh mar ar Neach-gleidhidh Cruinneachadh Gineadach Eòlas Mheanbh-fhrìdean Pelham-Clinton. Bidh an dreuchd dà-bhliadhna seo a' cuimseachadh air stuthan ginteil nar cruinneachaidhean eòlas mheanbh-fhrìdean, a' dèanamh ceangal ri iomairtean nàiseanta leithid Craobh-bheatha Dharwin.

Tro shaor-làithean an t-samhraidh chruthaich, dhealbhaich agus lìbhrig sinn pròiseactan beaga a' com-pàirteachadh le teaghlach eadar-mheasgte aig nach eil riochdachadh ceart ann am Pàirc Dhùthchail Beecraigs ann an Lodainn an Iar agus aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-itealaich, Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail agus Taigh-tasgaidh Hawick. Air am maoinneachadh le Gaileiridhean Taighean-tasgaidh na h-Alba mar phàirt de phrògram Get into Summer aig Riaghaltas na h-Alba, bha na pròiseactan seo a'

cuimseachadh air cuspairean bith-iomadachd ann an cruinneachaidhean an t-Saoghail Nàdarra, a' togail air na goireasan air-loidhne againn Brilliant Bugs.

10,000+  
sampallan maothrain  
anns a' bhith-bhanca

### **Trusgan Phoebe English**

Chaidh seacaid agus sgiort shìoda gun dathadh le Phoebe English a thrusadh leinn o chionn ghoirid agus tha e a' nochdadh a' ghluasaid a dh'ionnsaigh seasmhachd ann am fasan is aodach. Tha an t-aodach còmhdach le leubailean-cùraim a tha a-nis gun fheum air a bheil 'glanadh-tioram a-mhàin' agus 'polyester' sgrìobhte orra. Chan eil am brannd a' cleachdadh clò fuadain tuilleadh no a' moladh glanadh-tioram air sgàth na buaidh air an àrainneachd.

### **Seallaidhean ùra**

Tha an Cruinneachadh Nàiseanta airson a h-uile duine agus tha dealas againn a bhith ag èisteachd ri agus a' sgaoileadh guthan agus beachdan choimhearsnachdan air an deach dearmad a dhèanamh gu ruige seo.

Tha cùram againn airson còrr air 12 millean nithean, cuid à Alba agus cuid eile a chaidh a dhèanamh, a chleachdadh no a chruinneachadh an toiseach ann an àiteachan air feadh an t-saoghail. Tha mòran eachdraidh cho-roinnte anns a' chruinneachadh againn agus tro ar rannsachadh agus ar co-obrachadh le coimhearsnachdan, tha sinn an-còmhnaidh ag ath-mheasadh mar a bhios sinn ag innse a sgeulachdan agus a' nochdadh nan ceanglaichean a th' aca do dhaoine.

Tha ar gailearaidh ùr Collecting Stories, a chaidh fhosgladh aig Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba san Iuchar 2022, a' sgrùdadh ciamar agus carson a tha sinn air stuthan fhaighinn thar dà linn, agus mar a tha sinn a' leantainn oirnn a' dèanamh sin an-diugh.

Suidhichte ann an seann ghailearaidh Discoveries, chaidh cuid de stuthan bhon ghailearaidh sin ath-nochdadh le mìneachadh ùr a' tarraing air raon nas fharsainghe de ghuthan. Tha an obair seo air gabhail a-steach leubailean ùra a sgrìobhadh gus aghaidh a chur ri claonadh eachdraidheil; pròiseas san do rinn sinn co-chomhairle le panail de dh'acadaimigich, luchd-glèidhidh agus caraidean breithneachail.

Ann a bhith a' leasachadh Collecting Stories, dh'obraich sinn le trì buidhnean coimhearsnachd gus am mìneachadh acasan a thoirt a-steach don ghailearaidh. An lùib sin, rinneadh co-obrachadh le sgoilearan bho Bhun-sgoil Canal View ann an Dùn Èideann air taisbeanadh mu tetrapodan agus le buill den phròiseact conaltradh òigridh againn, Scotland 365, air rabab Afganach a chaidh a chruinneachadh anns na 1970n, leis an eòlaiche ciùil-eitnich, Jean Jenkins.

Dh'obraich sinn cuideachd le buill de Networking Key Services (NKS) – buidheann slàinte is sunnd a tha a' toirt taic do bhoireannaich à Àisia a Deas agus an teaghlachan – a thagh stuthan bho chruinneachadh Margaret Tytler airson an taisbeanadh agus a chuidich le bhith a' cruthachadh leubail ùr dhaibh. B' e Albannach a bh' ann an Tytler a ghluais gu Bihar ann an 1812 far an do bharrantaich i sreath de mhodailean-sgèile a' sealltainn pròiseasan giollachd agus saothrachadh Innseanach.

Ag obair còmhla ri Taighean-tasgaidh Rìoghail Greenwich, fhuair sinn tabhartas de £250,000 bho Chomhairle Rannsachaidh nan Ealain is nan Daonnachdan (AHRC) airson pròiseact fad-bliadhna a' toirt taic do bhuidhnean coimhearsnachd gus ìmpireachd, imrich agus beatha ann am Breatainn a rannsachadh tro chruinneachaidhean na RA.

Chruinnich Exchange: Community-Led Collections Research fianais airson stiùireadh air deagh chleachdadh, thug iad seachad comhairle bho eòlaichean agus sgaoil iad maoinachadh gu seachd buidhnean com-pàirteachais air feadh na RA, a' gabhail a-steach taighean-tasgaidh, gailearaidhean agus tasglannan.

Ag obair còmhla ri buill coimhearsnachdan eilthireach Àisia a Deas, Afraga agus a' Charibbean, chleachd gach com-pàirtiche dòigh-obrach a bha fo stiùir na coimhearsnachd airson dealbhadh agus libhrigeadh pròiseict stèidhichte air cruinneachaidhean a thug dùbhlann agus a rinn leudachadh air riochdachaidhean de dh'eòlasan eilthireach.

Thug teicneòlas didseatach cothrom air 'tadhal' a dhèanamh san t-Sultain 2021 gus stuthan an t-sluaigh Blackfoot sa chruinneachadh a sgrùdadh agus a sganadh mar phàirt den phròiseact Concepts Have Teeth maoinichte le AHRC. Thug an iomairt còmhla raon dhaoine a' gabhail a-steach luchd-ealain, luchd-eachdraidh, sgoilearan eòlas-dùthchasaich agus Luchd-gleidhidh Eòlais Co-chaidreachas an t-Sluaigh Blackfoot ann an Canada agus nan SA gus ath-bheachdachadh air nithean a tha air an cumail ann an taighean-tasgaidh na RA.

Bha am pròiseact a' cuimseachadh air obair-ghrèis Blackfoot agus thathas a' cruthachadh ìomhaighean didseatach mionaideach agus modalan 3D a chì muinntir an t-sluaigh Blackfoot air-loidhne. Chunnacas 24 nithean a chaidh a thaghadh ann an co-obrachadh le muinntir an t-sluaigh Blackfoot anns an t-seisean dà-latha air astar.

### **Back to Black, Christopher Day**

Lorgar ìomhaigh ghlainne air a bhrosnachadh le buidheann adhartach a thug cumhachd do luchd-ealain dubha agus a chuir an aghaidh gràin-cinnidh am measg nan stuthan ùra a tha air an taisbeanadh sa ghailearaidh Collecting Stories an dèidh an trusaidh airson a' Chruinneachaidh Nàiseanta. Chaidh Back to Black, leis an neach-ealain Christopher Day, a chruthachadh mar fhreagairt don ghluasad Black Lives Matter, agus tha e ag aithneachadh obair Buidheann Ealain Blk, a chaidh a stèidheachadh ann an Wolverhampton ann an 1979 agus a chleachd ealain gus dèiligeadh ri gràin-cinnidh aig àm nuair a bha frionasan cinnidh a' fàs.

### **TAPADH LEIBH DO AR LUCHD-TAICE 2022**

Tha sinn air leth taingeil don a h-uile neach agus buidheann a thug taic do na taighean-tasgaidh againn am-bliadhna. Tha iad air a dhèanamh comasach dhuinn cumail oirnn a' brosnachadh dhaoine, agus na cruinneachaidhean againn a dhìon, na sgeulachdan inntinneach aca a lorg agus an roinn leis an t-saoghal. Air sgàth oidhirpean an luchd-taic againn, faodaidh na nithean iongantach a tha fo ar cùram a bhith a' toirt toileachas do dhaoine de gach aois an-dràsta agus san àm ri teachd.

Priomh Mhaoineachadh  
Riaghaltas na h-Alba

Urrasan agus Buidhnean Eile  
Maoin Ealain  
Fondas ASAC  
Comann Ealain Sgeadachaidh is Chruthachail Dhùn Èideann  
Urras Carthannach Sine agus Roger Miller  
Fondas K.T. Wiedemann  
Maoin Dualchais a' Chrannchuir Nàiseanta  
Maoin Cuimhneachaidh an Dualchais Nàiseanta  
Cluicheadairean Crannchur Còd-puist an t-Sluaigh  
Fondas an Luchd-obrach Clòtha  
Urras Carthannach Ceanadaich  
Urras Carthannach Murdoch Forrest  
Fondas Negaunee  
Fondas Uilleim Ghrannnd

Daoine fa leth  
Riseard Burns agus Catriona Burns  
Leslie B. Durst  
Seumas Fearghasdan  
Sir Aonghas Grossart CBE †agus a' Bhaintighearna Grossart  
Flure Grossart  
Brus Minto OBE agus Caroline Minto  
Tormod agus Pam Moireach  
Sir Uilleam Purves CBE agus a' Bhaintighearna Purves  
Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE  
Iain Sword CBE agus Flòraidh Sword  
Bill Zachs agus Màrtainn MacÀdhaimh

Dileaban

Oighreachd na B.Ph. Norma Dhruimeanaich  
Oighreachd Choinnich Wilkie  
Oighreachd Ròs-Màiri NicUilleim

Luchd-taice Corporra  
Riaghladh Tasgaidh Artemis LLP  
Manaidsearan Tasgaidh Baillie Gifford  
Brewin Dolphin Earr  
Morton Ward  
Luchd-tasgaidh Stiùbhart  
Companaidh Glenmorangie Earr.

Pàtranan Cearcall Sheòrais Wilson  
Nick Felisiak  
Coinneach agus Julia Greig  
Lynda Logan  
Cè Miller CBE agus Lee Miller  
Fionnghal agus Iain Ruiseal CBE  
Raibeart Sherriff

Pàtranan

Ailean agus Karen Aitchison  
Geoffrey agus Màiri Ball  
Patricia Barclay  
Seòras Borthwick CBE agus Milly Borthwick  
Calum agus Kira Bowie  
Màiri Bownes OBE agus Mike Greaves  
Sine, Marchioness Bhòid  
Morair agus Baintighearna Camshron Loch Bhraoin  
Corinne Cervetti agus Àdhamh Fowler  
Carol Colburn Griogair CBE agus Moireach Griogair  
Sir Sandy agus a' Bhaintighearna Crombie  
Cailean Dempster agus Deborah NicThòmais  
Cahal agus Maureen Dowds  
Sir Daibhidh agus a' Bhaintighearna Eideard  
A' Bhaintighearna Elliot MBE †  
Iain agus Judith Evans  
Britheamh Aonghas Foster agus an t-Oll Fionnghal Foster  
Sir Teàrlach agus a' Bhaintighearna Fhriseal  
Seumas Garden CBE agus Amanda Garden  
Gavin Gemmell CBE agus Ceit Ghemmell  
Ragnall Greumach CBE agus Mirren Ghreumach  
A' Bhaintighearna Ghrannnd  
Alasdair Gray  
J Dùghlas Home  
Morair agus Baintighearna Hope Chraighead  
Flòraidh Nic an t-Sealgair  
Ailean M Maclain  
Raibeart Ker  
Sine agus Barrie Lambie  
An t-Oll Brian Lang CBE agus Tari Lang  
Gavin Law agus Joanne Nicllleathain-Law  
Raibeart agus Shona Lightbody  
Donnchadh agus Ellie NicFhionghain  
Sim agus Catriona Nic an Tòisich  
Sir Hamish MacLeòid KBE agus a' Bhaintighearna NicLeòid  
Iain agus Ealasaid Marchant  
Chris Masters CBE agus Gill Masters  
An t-Àrd-oll. Alasdair MacColla Mac a' Ghobhainn CBE agus An t-Oll Ealasaid NicColla Nic a' Ghobhainn  
Miller agus Anna Nicllleathain  
Calum MacLeòid CBE  
Aonghas MacLeòid agus Caimbeul Armor  
Sir Ragnall Mac a' Mhuilleir CBE agus a' Bhaintighearna Nic a' Mhuilleir  
Seumas Mac a' Mhuilleir CBE  
Tormod agus Pam Moireach  
Calum Moireach CBE agus Muriel Mhoireach  
Walter Nimmo CBE agus Norma Nimmo  
Calum Offord  
Sir Uilleam Purves CBE agus a' Bhaintighearna Purves  
Iain Rankin OBE agus Miranda Harvey  
Daibhidh Ros

Cailean Ros agus Hilary Ros  
Frances Steel  
Dàibhidh MacSteafain CBE agus Alix NicSteafain  
Iain Sword CBE agus Flòraidh Sword  
Anndra agus Màiri Telfer  
Nick agus Catriona NicThòmais  
Seumas agus Sarah Troughton  
Marcas Urchardan  
Iain Wall  
Sarah Whitley agus Greum Mac IlleBhàin  
Morair agus Baintighearna Wilson Tillyorn  
Eilidh Wiseman

Pàtranan Fhondas Ameireaganach do Thaighean-Tasgaidh na h-Alba

An teaghlach Carlson agus Beckett  
Bettina agus Peadar Druimeanach Hay  
Sine agus Pierre du Pont  
Dianne agus Jeb Embree  
Iain agus Mairead Fox  
Stanley agus Gloria Garnett  
Tòmas Gauld  
Erin Hennessy agus Eòsaph MacDhaibhidh  
Raibeart agus Fulvia McCrie  
Baran agus Bana-bharan Phentland  
Gracey Lockett Rankin Stoddard  
Iain Ardill  
Chris Rothach  
Peadar Stiùbhart

Buill Taighean-Tasgaidh na h-Alba agus a h-uile duine nach eil airson gun tèid an ainmeachadh

Bòrd Urrasairean  
Iain Ruiseal CBE, Cathraiche  
Anna Allen MBE  
An t-Àrd-oll Màiri Bownes OBE  
Motaram Mimi Brophy (air a chur an dreuchd 1 Giblean 21)  
Àdhamh Brusach  
Greum Gibson (air a chur an dreuchd 1 Giblean 21)  
An t-Oll Brian Lang CBE  
Lynda Logan  
An t-Oll Catriona Nicdhòmhnail  
Seònaid NicSteafain  
An t-Àrd-oll Iain Wall (air a chur an dreuchd 1 Giblean 21)  
Eilidh Wiseman  
An t-Oll Laura Young MBE

Urrasairean Urras Carthannach Taighean-Tasgaidh na h-Alba  
Seumas Fearghasdan, Cathraiche  
Crìsdean MacThòmais, Rùnaire

B-ph Uas. Katheen Dalyell nam Binns  
A' Bhaintighearna Ealasaid NicEideird  
Jo Elliot  
Coinneach Greig  
An t-Oll Brian Lang CBE  
Iain Ruiseal CBE  
Lindsay Scott  
Màrtainn Mac na Ceàrdaich

Bòrd Fondas Ameireaganach Thaighean-Tasgaidh na h-Alba

Iain Fox  
Crìsdean Gow  
Lynda Logan  
Raibeart Sherriff  
A J C Mac a' Ghobhainn †

† Thairis air an dusan mìos a dh'fhalbh tha sinn air caraidean fìor ghràdhach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a chall. Bu mhath leinn an cothrom seo a ghabhail gus aithne a thoirt do thaic, tagradh agus cuideachadh thar iomadh bliadhna bho Sir Aonghas Grossart, Iain (A.J.C.) Mac a' Ghobhainn agus a' Bhaintighearna Mairead Elliot. Mìle taing dhaibh airson na rinn iad dhuinn agus bidh sinn gan ionndrainn anns na taighean-tasgaidh againn.